

# AISEAG: LEASAN 3- TÀR-SGRÌOBHADH AIRSON CLÀRADH 79803

Èist ris a' chlàradh air duilleag [Aiseag – Togalaichean](#) agus lean na faclan.



Elizabeth Sinclair (ES): Bha sibh ag ràdh gum biodh sibh a' tughadh thaighean, a Dhòmhnail?

Dòmhnall Moireasdan (DM): Bha. Bha gu dearbh. Rinn mise gu leòr dheth sin. Rinn mise uabhas dheth sin dhomh fhìn 's do dhaoine eile.

ES: Seadh. Agus dè seòrsa tughadh a bhiodh aca ann am Muile mar bu trice?

DM: Ò bha tughadh chonnlaich. Bha iad fhèin ga dèanadh, na daoine aig an robh grunn. Bha an fheadhainn eile a' faighinn... ga faighinn dhachaigh, o... às Grianraig 's à Glaschu. Belgian rye a theireadh iad rithe. Bha i fada, agus tughadh-Ghallta a theireadh iad rithe. Agus bhiodh i sin aca. Ah, rinn mise gu leòr de thughadh thaighean agus mòran de na taighean a thugh mi, chan eil clach air muin a chèile dhiubh an-diugh.

ES: 'S an e luidhear a bha sibh ag ràdh a chanadh iad ris an...

DM: 'S e, luadh. Bha toll air mullach an taighe, dìreach 's bha an teine am meadhan an làir. Sin mar a bha anns na seann taighean. Agus bha an toll seo gu h-àrd agus bha slabhraidh a' tighinn a-nuas, agus a' phoit a' dol os cionn an teine. Sin an dòigh a bha iad sna linn sin. Bhiodh feadhainn, bhiodh iad a' dèanadh cliabh airson a' ghnothaich, 's ga chur gu h-àrd dìreach os cionn an teine.

DM: Agus ùrlar chrèadh. Ùrlar chrèadh. Ùrlar... tha cuimhn' a'm fhìn air an ùrlar chrèadh ceart gu leòr.

ES: A bheil?

DM: Tha. Sin a bh' anns a h-uile taigh an seo nuair a bha mise òg.

ES: Och 's e.

DM: 'S e. Agus co-dhiù, 's ann orra... 's ann air ùrlar crèadh a chaidh mise a thogail, agus tha mi an seo fhathast, aig an aois a tha mi.

*[Cunntas air taighean-tughaidh; Donald Morrison (Contributor); Elizabeth Sinclair & Morag MacLeod (Fieldworkers); ref: SA1963.003.A3, School of Scottish Studies Archives, University of Edinburgh.]*